

Ro-ràdh

'S e buidheann neo-phrothaide a th' ann an An Lòchran, stèidhichte ann an 2001, aig a bheil dà mhòr-amas:

- dualchas agus ealain na Gàidhlig adhartachadh agus àrdachadh ann an Glaschu;
- làthaireachd sheasmhach fhaicsinneach a stèidheachadh don Ghàidhlig sa bhaile.

Tha Glaschu agus a' Ghàidhlig fighte fuaighte ri chèile. Tha ainmean-àite den leithid Gart nan Abhall, Eochair agus Coitcheann a' dearbhadh gun robh a' Ghàidhlig ga bruidhinn an seo co-dhiù on 12na linn. San latha an-diugh, tha Baile Ghlaschu na dhachaigh do suas ri 10,000 neach-labhairt. Tha am baile aig teis-mheadhan adhartachaidh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha saoghal ealain na Gàidhlig sa bhaile beothail adhartach agus tha am baile na dhachaigh do ghrunn math bhuidhnean a tha ag amas air leasachadh na Gàidhlig. Air sgàth seo, tha Baile Ghlaschu a-nis am measg nan àiteachan as cudromaiche a tha ann don Ghàidhlig.

Tha sinn an-dràsta a' lorg Cathraiche a' Bhùird-stiùiridh a bhiodh ag obair gu saor-thoileach gus am Bòrd-stiùiridh a riaghladh agus airson stiùir is comhairle a thoirt don oifigear-leasachaidh againn às leth a' Bhùird. Tha sgilean conaltraidh ann an Gàidhlig cudromach don dreuchd agus feumaidh an neach a shoirbhicheas a bhith èifeachdach agus eagraichte airson obair a' bhruidhinn a chumail a' dol.

Bu mhath leinn cluinntinn bho neach sam bith aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig agus anns na h-ealain Ghàidhlig ann an Glaschu. 'S e cothrom air leth a tha seo do chuideigin gus cur ri obair Ionad Gàidhlig Ghlaschu, a tha air fhosgladh as ùire, agus àite a dhèanamh don Ionad aig teas-mheadhan saoghal na Gàidhlig ann am baile-mòr nan Gàidheal.

Ma tha ùidh agaibh anns an dreuchd, no ceist sam bith agaibh mu deidhinn, nach cuir sibh post-d gu: info@anlochran.com

Tuarastal:	'S e Bòrd-stiùiridh saor-thoileach a tha a' stiùireadh a' bhuidhinn neo-phrothaide, mar sin, chan eil tuarastal an cois na dreuchd.
Àite:	Ged a bhios na coinneamhan bùird air-loidhne, bidh aig a' Chathraiche ri bhith an làthair ann an Glaschu an-dràsta 's a-rithist aig an Ionad Ghàidhlig gus taic a chumail ris an oifigear-leasachaidh agus am buidheann a riochdachadh aig tachartasan.
Ùine:	Gu h-àbhaisteach, bidh am Bòrd-stiùiridh a' coinneachadh gach dàrna mìos fad uair gu leth air-loidhne. Bithear a' sùileachadh cuideachd gun dèan an Cathraiche beagan obrach air bun-reachd a' bhuidhinn agus gun toir iad comhairle is taic don oifigear-leasachaidh mar a bhios iomchaidh.
Dreuchd:	Bidh an Cathraiche, còmhla ris a' Bhòrd-stiùiridh, a' dèanamh cinnteach gu bheil An Lòchran a' coileanadh nan amasan againn mar bhuidheann agus gu bheil am buidheann air a ruith gu h-èifeachdach. Bidh iad gar riochdachadh do na buidhnean maoinachaidh againn agus a' cumail conaltradh le buidhnean eile mar a bhios iomchaidh. Ceannardas ro-innleachdail: • Bithear a' toirt stiùir agus ceannardas don bhuidheann, le taic bhon Iar-chathraiche agus bhon Bhòrd-stiùiridh. • Bithear a' leasachadh bun-reachd a' bhuidhinn agus a' leasachadh na ro-innleachd againn • Bithear a' dèanamh cinnteach gu bheil am Bòrd-stiùiridh a' coileanadh a dh-leastanasan agus, le taic bhon Ionmhasair, gu bheil am buidheann air a ruith le deagh shlàinte ionmhais agus a rèir riaghailtean cunntachalachd ionmhais • Nithear cinnteach gu bheil amasan a' bhuidhinn agus a' bhùird-stiùiridh air am mineachadh gu soilleir don oifigear-leasachaidh Riaghlachas: • Nithear cinnteach gu bheil siostaman riaghlachais ag obair gu math is gu h-èifeachdach • Cumar sùil air obair làitheil a' bhuidhinn gus dearbhadh gu bheil i a' cur ri amasan An Lòchran • Nithear cinnteach gu bheil am Bòrd-stiùiridh ag obair gu h-èifeachdach agus a' coinneachadh gu cunbhalach • Bheirear seachad Aithris a' Chathraiche aig a' Choinneimh Choitchinn Bhliadhnail
Sgilean:	Tha An Lòchran ga ruith tro mheadhan na Gàidhlig, mar sin, tha deagh sgilean conaltraidh sa Ghàidhlig riatanach.
Eòlas:	Bidh eòlas air coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Glaschu na bhuannachd mhòr. Bidh eòlas air ealain Ghàidhlig ann an Glaschu na chuideachadh.
Poileasaidhean:	Tha Poileasaidh Gàidhlig agus Dìon-chloinne againn mar bhuidheann. 'S e buidheann ion-ghabhalach cothromach a th' ann an An Lòchran agus cuirear fàilte ro iarrtas sam bith. Gheibh a h-uile tagraiche beachdachadh gun aire do chinneadh, dhath, chreideamh, ghnè, dhearbhaithne ghnè no fhaireachdainn, thaobhadh feise, thùs nàiseanta, chiorram, no aois.
Teirmichean:	Bidh an Cathraiche, agus buill a' bhùird-stiùiridh, mar as àbhaist, a' cur seachad trì bliadhna air a' bhòrd-stiùiridh air a' char as fhaide. Ach bhiomaid toilichte aontachadh air teirm stèidhichte a fhreagras air an tagraiche. Bidh an Cathraiche sa chathair aig coinneamhan a' bhùird-stiùiridh agus aig a' Choinneimh Choitchinn Bhliadhnail.